



## Tìotal: Leatromachd agus a' coimhead às dèidh bèibidh Ìre: TRÀTH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 0-50a 'S urrainn dhomh eòlas a shealltainn mun obair a dh'fheumar gus coimhead às dèidh leanaban. HWB 0-51a	<ul style="list-style-type: none"><li>Mìneachadh gu bheil feum aig rudan beò air biadh, uisge agus cùram airson a bhith beò agus fàs.</li><li>Air chomas innse mu na rudan bunaiteach a dh'fheumas bèibidh, mar eisimpleir, glacadh-sùla, cudailean, nighe, aodach/badan glan, biadh, cadal.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gu bheil eòlas aig clann air feumalachdan bèibidh.
- Gu bheil clann a' tuigsinn cò às a tha rudan beò a' tighinn.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn gu bheil daoine nam pàirt de chuairt bheatha le diofar ìrean.
- Tha fios agam air feadhainn de na feumalachdan bunaiteach a th' aig bèibidh me biathadh, glanadh/badan glan, cudailean agus cadal.
- 'S urrainn dhomh cuid de na sgilean a dh'fheumar airson coimhead às dèidh bèibidh a shealltainn.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

### Prìomh fhaclan/briathrachas

- Beathachadh air a' bhroilleach-  
Breastfeeding
- Bràthair
- A' cur aodach glan/ badan glan air
- Cudailean
- Biathadh
- Fàs
- A' cuideachadh
- Badan
- Trom/leatromachd
- Piuthar
- Cadal

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

**NÒT:** Mar phàirt dhen obair seo, bu chòir cuimhneachadh nach eil gach bèibidh/pàiste a' fuireach còmhla ris na pàrantan dhan do rugadh iad. Airson diofar adhbharan cha bhì cothrom aig a' chloinn air na dealbhan, agus mar sin chan eil e reusanta dealbhan iarraidh bhon chloinn airson na h-obrach seo.

<b>Ciamar a tha bèibidhean gan dèanamh?</b>	Tha na leabhraichean san liosta a' toirt taic do thidsearan/luchd-foghlaim gus ionnsachadh mar a bhios bèibidhean gan dèanamh agus mu leatromachd. Tro chòmhradh faodaidh sibh bruidhinn air mar nach eil iarraidh aig a h-uile duine idir a bhith nam mamaidh/dadaidh no gum bi bèibidh aca. Faodaidh sibh cuideachd iomradh a thoirt air mar a bhios feadhainn feumach air cuideachadh bho dhotairean airson bèibidh a bhith aca, 's dòcha gum bi fios aig clann mar-thà gun deach an gineadh tro IVF.
<b>Bèibidh san dachaigh?</b>	Faigh a-mach bhon chloinn cò aig a tha bèibidh san dachaigh – faighnich dhaibh dè bhios am bèibidh a' dèanamh, dè dh'fheumas am bèibidh? (a' tarraing aire gu na bhios dadaidhean/fireannaich agus càirdean eile san teaghlach a' dèanamh). Ciamar a bhios iadsan a' cuideachadh mar bhràthair/ phiuthar mhòr? Cò ris a tha e coltach a bhith nad bhràthair/phiuthar mhòr? Dèan gailearaidh dhealbhan de na bèibidhean a th' ann an dachaighean na cloinne an-dràsta.
<b>Daoine a' tadhal</b>	Iarr air boireannach a tha trom le pàiste tadhal – 's dòcha màthair cuideigin dhen chloinn no co-obraiche. Faodaidh iad bruidhinn mu bhith trom agus mu na tha a dhìth air a' bhèibidh – 's dòcha gum faod iad tadhal grunn thursan thairis air a' bhliadhna sgoile fhad 's a tha am bèibidh a' fàs gus bruidhinn air cùram, biathadh, glanadh/badan glan agus mar a bhios iad a' tighinn air adhart agus a' fàs.
<b>Loidhne-tìm de dhealbhan</b>	Dèan loidhne-tìm de dhealbhan bho àm-breith gu 3 bliadhna a dh'aois. Dèan còmhradh air na tha ag atharrachadh agus mu atharrachaidhean ann am feumalachdan bèibidh bho àm-breith gus an tòisich iad san sgoil-àraich. Faic <b>Loidhne-tìm bèibidh</b> (taic-obrach) sa phasgan no cruthaich loidhne-tìm thu fhèin.
<b>Baby Box</b>	Iarr air <b>Neach-taic Slàinte</b> tadhal le <i>Baby Box</i> a sheallas iad dhan chlas airson còmhradh a thòiseachadh mu na tha na bhroinn – carson a dh'fheumas bèibidh no pàrant na rudan seo?

---

**Cò tha seo?** Cruinnich dealbhan bhon luchd-obrach san ionad/sgoil, dèan taisbeanadh, faic an aithnich a’ chlann cò th’ anns na dealbhan? Dè na tha de dh’atharrachadh a’ tighinn oirnn?

---

**Cluich** Cuir air dòigh àite bhèibidhean sa chlas, le doileagan, cotaichean, stuthan bèibidh. A rèir an eòlais 's dòcha gum bi barrachd taic/stiùireadh a dhìth air balaich san dòigh chluich seo.

Bèibidhean san amar – cleachd doileagan a tha ceart a thaobh nam pàirtean bodhaig agus cleachd an cànan ceart airson nam buill-ghineamhainn. Bruidhinn air cho cudromach 's a tha slàinteachas agus a bhith a’ cumail bhèibidhean glan. Faodaidh iad na doileagan a thioramachadh agus aodach a chur orra 's sibh a’ bruidhinn air cho cudromach 's a tha e a bhith glan, blàth agus tioram.

---

## **LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD**

### **Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre.**

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### **How did I Begin?**

Author Mick Manning agus Brita Granstrom (ISBN 07496 56611)

Fiosrachadh na beatha do chlann òg ann an dòigh shìmplidh, bhlàth, a' leantainn na sgeulachd bho ghineadh gu breith bèibidh. Tha sinn air ar treòrachadh tro gach ìre le dealbhan sìmplidh, a thòisicheas tòrr còmhraidh agus a fhreagras ceistean.

### **Before you were born**

Author Jennifer Davis (ISBN 0761112006)

Tha an leabhar innleachdach, eirmseach seo mu leatromachd ag innse sgeul màthar agus bèibidh bhon chiad bhuille-cridhe ga chluinntinn chun a' chiad turas a tha iad a' coinneachadh.

### **How are babies made?**

Author Alastair Smith (ISBN 0746025025)

Faigh fios air mar a tha bèibidh a' fàs am broinn a màthar. Tog na flapaichean air na duilleagan gus am bèibidh fhaicinn ag atharrachadh mar a tha e a' fàs.

### **Now We Have a Baby**

Author Lois Rock (ISBN 07459 48855)

Tha bèibidh ùr san teaghlach agaibh. Tha uimhir de rudan cudromach ri ionnsachadh agus ri dhèanamh agus air am feumar smaoineachadh. A' toirt ionnsachadh do chlann òg mun bhuaidh a bhios aig bèibidh ùr air am beatha agus air an teaghlach.

### **Lola Reads to Leo**

Anna McQuinn and Rosalind Beardshaw (ISBN 1580894038)

Tha bràthair ùr aig Lola agus tha i air bhioran na leabhraichean aice a leughadh dha. Fiù 's nuair a tha brù Mamaidh a' fas nas motha agus nas motha, agus nuair a tha i sgìth, bidh Mam a' suidhe còmhla ri Lola agus a' cur ùine seachad air stòiridhean. Nuair a tha am bèibidh air tighinn mu dheireadh thall, tha Lola na piuthar mhòr, bidh i a' cuideachadh timcheall an taighe agus nuair a bhios Leo a' caoineadh, bidh Lola ag innse stòiridhean dha.

### **My brother Charlie**

Holly Robinson Peete (ISBN 0545094666)

"Tha autism air Charlie. Tha eanchainn ag obair ann an dòigh shònraichte. Tha e nas duilghe dha dàimhean a thogail agus caraidean a dhèanamh. No fhaireachdainnean a shealltainn. No a bhith sàbhailte. Ach mar a tha a phiuthar ag innse dhuinn airson gach rud nach eil e math air, tha tòrr rudan ann a tha e math air. Tha fios aige air ainm gach ceann-suidhe a bha riamh air Ameireaga. Tha fios aige air rudan mu phlèanaichean. Agus cluichidh e am piana nas fheàrr na duine sam bith eile as aithne dha.